

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh tuairisgeul a thoirt air diofar ghnèithean sgrìobhaidh Thormoid.


- Cuir taghadh de theacsaichean ann an seataichean ghnèithean sgrìobhaidh
- Cruthaich 'taisbeanadh ghnèithean' le cuid de theacsaichean Thormoid.

'S urrainn dhomh na teacsaichean aige a sgrùdadh.

- Coimhead ri pìos sònraichte, a' cleachdadh dòighean lèirmheis litreachais.
- Cruthaich goireasan a thèid an cois teacsaichean Thormoid do sgoilearan òga.

'S urrainn dhomh mo theacsaichean fhìn a sgrìobhadh, stèidhichte air stoidhle sgrìobhaidh Thormoid.

- An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air teacsa agus goireasan a chruthachadh, cruthaich teacsa às ùr stèidhichte air stoidhle an teacsa a roghnaich thu.
- Cuimhnich air a' chòmhdach – beulaibh is cùl an leabhair, le geàrr-iomradh air a' chùl.



CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Dè an taic a tha sinn a' faighinn gus gnè an teacsa aithneachadh?

Dè a rinn an t-ùghdar gus an teacsa a dhèanamh tlachdmhor?

Dè mar a dh'atharraicheadh tu aon earrann den teacsa?

Dè na stoidhlichean a ghabhadh cleachdadh san teacsa agad fhèin gus a dhèanamh tlachdmhor do chloinn òga?



CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.acairbooks.com/>

<http://tocasaid.blogspot.co.uk/2015/05/tormod-bhocsaair.html>

Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd ri no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha mi a' meas inntinneach, agus is urrainn dhomh mineachadh carson as fheàrr leam seòrsaichean àraidh.

Bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan airson teacsaichean dem roghainn fhìn a chruthachadh.

LIT 1-01a/LIT 2-01a

Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh agus is urrainn dhomh innse carson as fheàrr leam teacsaichean agus ùghdaran àraidh.

LIT 1-11a/LIT 2-11a

Airson sealltainn na tha mi a' tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, 's urrainn dhomh adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh, beachdachadh orra agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha a chur gu feum.

LIT 2-16a

Airson mo thuigse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh aithris agus ceistean measaidh agus ri obair dlùth-leughaidh eile, agus 's urrainn dhomh mo cheistean fhìn a chruthachadh.

GAI 2-17a

'S urrainn dhomh:

- bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh
- tuigsinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair an sgrìobhaiche agus mar a tha seo a' buntainn rim eòlasan fhìn agus eòlasan dhaoine eile
- bruidhinn air stoidhle an sgrìobhaiche agus feartan eile a' buntainn ri genre.

GAI 2-19a

An dèidh nan eileamaidean a bhios sgrìobhaichean a' cleachdadh ann an diofar genres a rannsachadh, 's urrainn dhomh na ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo sgeulachdan, dàin is deilbh-chluich fhìn a chruthachadh, le structar inntinneach agus iomchaidh, caractaran inntinneach agus/no suidheachaidhean a tha a' tighinn beò.

GAI 2-31a

